

6 Samhain 2018

## A Phàrant/Neach-cùraim uasail

San t-Samhain 2018, thadhail sgioba luchd-sgrùdaidh bho Foghlam Alba agus Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim air Bun-sgoil agus Sgoil-àraich Thunga. Rè ar turais, bhruidhinn sinn ri pàrantan/luchd-cùraim agus ri clann agus dh'obraich sinn gu dlùth leis a' cheannard agus an luchd-obrach.

Fhuair an sgioba sgrùdaidh na neartan a leanas ann an obair na sgoile:

- Na leasachaidhean ùra a tha an ceannard air tòiseachadh ri dhèanamh ris an sgoil. Tha i air nan nithean a dh'fheumas an sgoil a dhèanamh a chomharrachadh airson a thighinn air adhart. Tha an luchd-obrach air dealas a shealltainn airson a bhith a' toirt phrìomhachasan air adhart.
- Clann a tha deas-labhrach, comasach agus dèidheil air ionnsachadh. Tha iad a' faighinn buannachd bho dhàimhean cùramach agus spèiseil le luchd-obrach.
- An dòigh a tha luchd-obrach air co-obrachadh gus solar ùr Foghlam Meadhan Gàidhlig (FMG) a stèidheachadh. Tha clann a' dèanamh deagh adhartas bho bhith air am bogadh sa chànan.

Chaidh na raointean a leanas a chomharrachadh airson leasachadh agus chaidh bruidhinn mun deidhinn ris a' cheannard agus riochdaire bho Chomhairle nan Eilean Siar.

- Leantainn air adhart a' leasachadh stiùir shoilleir gus atharrachadh agus ceannardas aig deagh astar a stiùireadh aig a h-uile ìre den sgoil. Bu chòir dhan luchd-obrach air fad a bhith a' dèanamh feum làidir is riaghailteach de fhèin-luchadh.
- Fìor dheagh aire a thoirt do bhith a' leasachadh a' churraicealaim gus coinneachadh ri sùileachaidhean nàiseanta, an toiseach a' toirt prìomhachas do bhith a' planadh litearras, àireamhachd, agus slàinte agus sunnd. Bu chòir dhan seo dèanamh cinnteach gum bi a' chlann a' togail gu h-ìomchaidh air an eòlas, sgilean agus tuigse fhad 's a bhios iad a' gluasad tron sgoil. Feumaidh clann a bhith mothachail air an adhartas aca fhèin agus air na h-ath cheumnan ann an ionnsachadh.
- A bhith a' gabhail a-steach an tuilleadh leasachaidh air FMG ann am planadh ro-innleachdail na sgoile. Feumaidh ionnsachadh na Gàidhlig, mar an dàrna cànan ann am Foghlam Meadhan Beurla, faicinn mar thoradh, gum bi clann a' dèanamh adhartas nas fheàrr. Bhiodh e na buannachd do chlann nam biodh barrachd cleachdaidh dhan Ghàidhlig ann am beatha làitheil agus ionnsachadh san sgoil.
- Leasachadh ionnsachadh agus teagasg. Bu chòir dhan luchd-obrach tuigse cho-roinnte a leasachadh de fheartan àrd-chàileachdail ann an ionnsachadh agus teagasg. Feumar a bhith gnìomhach gus ionnsachadh a dhèanamh nas tarraingiche, stèidhichte air feumalachdan sgoilearan fa leth, agus le meudachadh san astar agus san dùbhlán.

- Coileanadh àrdachadh sa h-uile raon de ionnsachadh, gu h-àraidh ann an litearras agus àireamhachd. Feumaidh luchd-obrach barrachd feum a dhèanamh de mheasadh leantainneach gus dèanamh cinnteach gu bheil clann a' coileanadh aig ìre cho àrd 's a ghabhas.

Chruinnich sinn fianais gus cothrom a thoirt dhuinn luachadh a dhèanamh air obair na sgoile a' cleachdadh ceithir chomharran càileachd ann an [Dè cho math 's a tha an sgoil againn? \(4mh eagra\)](#) agus [Dè cho math 's a tha ar tràth-ionnsachadh agus cùram chloinne?](#) Bidh comharran càileachd a' cuideachadh sgoiltean, ùghdarrasan foghlaim agus luchd-sgrùdaidh, breith a thoirt air dè a tha math agus dè a dh'fheumas a bhith air a leasachadh. An dèidh sgrùdadh a dhèanamh air gach sgoil, bidh Riaghaltas na h-Alba a' cruinneachadh fiosrachadh mu ar luachaidhean gus lorg a chumail air dè cho math 's a tha sgoiltean ann an Alba a' dèanamh.

## Seo luachaidhean Foghlam Alba airson Bun-sgoil agus Sgoil-àraich Thunga.

Comharran càileachd ìre na bun-sgoile	Luachadh
Stiùireadh atharrachadh	lag
Ionnsachadh, teagasg agus measadh	lag
Ag àrdachadh buileachadh agus coileanadh	riarachail
A' dearbhadh sunnd, co-ionannachd agus in-ghabhaltas	riarachail

Tha tuairisgeulan de na luachaidhean rim faotainn bho [Dè cho math 's a tha an sgoil againn? \(4mh eagra\)](#). [Pàipear-taic 3: An sgèile sia puing.](#)

Comharran càileachd ìre na sgoil-àraich	Luachadh
Stiùireadh atharrachadh	lag
Ionnsachadh, teagasg agus measadh	lag
A' daingneachadh adhartas na cloinne	riarachail
A' dearbhadh sunnd, co-ionannachd agus in-ghabhaltas	riarachail

Tha tuairisgeulan de na luachaidhean rim faotainn bho: [Dè cho math 's a tha ar tràth ionnsachadh agus cùram chloinne?](#) [Pàipear-taic 1: An sgèile sia puing.](#)

## Is e seo rangachadh Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim airson a' chlas-àraich

Inbhean Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim	Ìre
Càileachd a' chùraim agus taic	iomchaidh
Càileachd na h-àrainneachd	iomchaidh
Càileachd an luchd-obrach	iomchaidh
Càileachd rianachd agus ceannardas	iomchaidh

### Riatanasan/molaidhean air an dèanamh le Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim airson a' chlas-àraich

Rè an sgrùdaidh a rinneadh ron seo le Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim, bha aon riatanas aig an t-suidheachadh agus cha robh moladh sam bith ann. Cha deach coinneachadh ris an riatanas. Tha cùisean nach deach an rèiteachadh co-cheangailte ri àrdachadh ìre na h-àrainn air a' bhlàr a-muigh air an toirt air adhart san sgrùdadh seo. Mar thoradh air an sgrùdadh seo, tha dà riatanas ann agus chan eil molaidhean sam bith ann.

#### Riatanasan:

#### Leasachadh Obair Shòisealta Alba (Riatanasan airson Seirbheisean Cùraim) Riaghailtean 2011. (SSI 2011/210) – Riaghailt 5. Planaichean Pearsanta

- Le ùmhlachd do pharagraf (3) feumaidh solaraiche, an dèidh co-chomhairleachadh leis gach neach a tha a' cleachdadh na seirbheis agus far a bheil an solaraiche dhen bheachd gu bheil e iomchaidh, riochdaire sam bith de luchd-cleachdaidh na seirbheis, taobh a-staigh 28 latha den cheann-latha air an d' fhuair neach-cleachdaidh na seirbheis, plana sgrìobhte ullachadh (“am plana pearsanta”) a tha a' cur an cèill mar a tha feumalachdan slàinte, sochair agus sàbhailteachd gu bhith air an coileanadh.
- Le ùmhlachd do pharagraf (3) feumaidh solaraiche an dèidh co-chomhairleachadh leis gach neach a tha a' cleachdadh na seirbheis: lèirmheas a dhèanamh air a' phlana phearsanta an uair a tha atharrachadh brìgheil ann an slàinte, sochair no sàbhailteachd neach-cleachdaidh na seirbheis; agus co-dhiù aon uair gach sia mìosan fhad 's a bhios an neach a' cleachdadh na seirbheis.

Feumaidh an solaraiche, taobh a-staigh sia mìosan on thèid an aithisg seo fhoillseachadh, dèanamh cinnteach gu bheil am plana cùraim air a chrìochnachadh.

## Inbhean Slàinte agus Cùraim Sòisealta – Mo thaic, mo bheatha

### 1.19 Tha mo chùram agus mo thaic cunbhalach agus seasmhach seach gu bheil daoine ag obair gu math còmhla.

- Riaghailt 10. Iomchaidheachd nan Togalach:(1) Chan fhaod solaraiche togalaichean a chleachdadh airson solar seirbheis cùraim mura h-eil iad iomchaidh airson a bhith air an cleachdadh airson sin.
- Chan eil togalaichean iomchaidh a bhith air an cleachdadh airson seirbheis mura h-eil iad iomchaidh airson a bhith a' coileanadh chuimsean agus amasan na seirbheis cùraim agus a bhith a rèir Inbhean Cùraim Nàiseanta airson Tràth-Ionnsachadh agus Cùram Chloinne suas gu aois 16: Inbhe 2: Àrainn shàbhailte.
- Tha beagan obair air a dhèanamh air an riatanas. Tha airgead air a chur mu seach airson tòiseachadh air an raon air a' bhlàr a-muigh.

Feumaidh an solaraiche, taobh a-staigh sia mìosan on thèid an aithisg seo fhoillseachadh, raon freagarrach ullachadh air a' bhlàr a-muigh airson Sgoil-àraich Thunga. Gus a bhith a rèir Leasachadh Cùram Sòisealta agus Obair Shòisealta Alba (Riatanasan airson Seirbheisean Cùraim) Riaghailtean 2011. (SSI 2011/210)

Bidh sgrìobhainn le fiosrachadh nas mionaidich, ainmichte mar Gheàrr-iomradh air Toraidhean an Sgrùdaidh (SIF) ri fhaotainn air làrach-lìn Foghlam Alba aig [https://education.gov.scot/inspection-reports/eilean-siar-\(western-isles\)/6232124](https://education.gov.scot/inspection-reports/eilean-siar-(western-isles)/6232124) agus air làrach-lìn Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim.

### Dè a thachras a-nis?

Mar thoradh air na fhuair sinn a-mach rè ar sgrùdaidh, tha sinn dhen bheachd gu bheil an sgoil feumach air taic a bharrachd agus barrachd ùine airson nan leasachaidhean riatanach a dhèanamh. Obraichidh sinn le Comhairle nan Eilean Siar mu chomas na sgoile a thighinn air adhart agus na h-ullachaidhean aca airson taic a thoirt dhan sgoil. Tillidh sinn airson sgrùdadh a bharrachd a dhèanamh air an sgoil taobh a-staigh bliadhna on thèid an litir seo fhoillseachadh. Bruidhnidh sinn ri Comhairle nan Eilean Siar mu na nithean mionaideach san sgrùdadh seo. An uair a thilleas sinn gus an sgoil a sgrùdadh, sgrìobhaidh sinn thugaibh mar phàrantan/luchd-cùraim a dh'innse dhuibh mun adhartas a tha an sgoil air a dhèanamh.

Joan Esson  
Neach-sgrùdaidh na  
Banrigh

Peigi Nicneacail  
Neach-sgrùdaidh a' Chùraim

